




# Cò as treasa




Air ath-innse le Jacquie Buttriss • Na dealbhan Tania Hurt-Newton

# Cò as treasa



An teaca Jackie Buttriss  
Na dealbhan Tania Hurt-Newton  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Fada, fada air falbh ann an Afraga  
bha sligeanach a' fuireach còmhla ri  
mòran bheathaichean eile.



Latha bha siud chaidh Sligeanach cuairt.  
Chunnaic e each-aibhne ri taobh na h-aibhne.  
“Is mise am beathach as treasa ann an  
Afraga,” ars an t-each aibhne, agus leum e  
dhan uisge SPLAIS!  
“Abair bòsdadh!” arsa Sligeanach.




Lean Sligeanach air a shlighe.  
Chunnaic e Ailbhean ri taobh nan craobhan.  
“Is mise am beathach as treasa ann an Afraga,”  
ars Ailbhean, agus leag e craobh le BRAG!  
“Abair bòsdadh!” arsa Sligeanach.



“Uill,” arsa Sligeanach ris fhèin, “Nach iad tha  
math air bòsdadh, Each-aibhne agus Ailbhean!  
Cha toil leam beathaichean a bhios a’ bòsdadh.”




Dh'fhalbh Sligeanach  
chun na h-aibhne a  
choimhead airson  
Each-aibhne.



“Nach seall thu ormsa,” ars Each-aibhne.  
“Tha mi cho làidir is gu snàmh mi sìos agus  
suas an abhainn fad an latha gun stad.”

“Tha mise làidir cuideachd,” arsa Sligeanach.  
“Ha! Ha! Ha!” ars Each-aibhne.  
“Chan urrainn dhut a bhith nas treasa na mise.  
Chan eil annad ach sligeanach beag.”  
“Tha mi nas treasa na thusa,” arsa Sligeanach.  
“Thig air ais an seo nuair a thèid a' ghrian  
fodha agus chì thu cho làidir 's a tha mi.”



Dh'fhalbh Sligeanach  
a choimhead airson  
Ailbhean.



“Seall ormsa,” ars Ailbhean.

“Tha mi cho làidir is gu slaod mi  
a' chraobh seo às an talamh.”



“Tha mise làidir cuideachd,” arsa Sligeanach.

“Ha! Ha! Ha!” ars Ailbhean.

“Chan urrainn dhut a bhith nas treasa na mise.  
Chan eil annad ach sligeanach beag.”

“Tha mi nas treasa na thusa,” arsa Sligeanach.

“Thig air ais anseo nuair a thèid a' ghrian  
fodha agus chì thu cho làidir 's a tha mi.”



An oidhche sin nuair a chaidh a' ghrian fodha thill Each-aibhne gu far an robh Sligeanach.


“Seallaidh mi dhut cho làidir 's a tha mi.

Nach fheuch sinn Slaodadh an Ròp,” arsa Sligeanach.


“Cha shlaod thu mise co-dhiù!” ars Each-aibhne le gàire.

“Slaodaidh mi,” arsa Sligeanach.

“Seo an ròp. Slaod e nuair a chanas mise SLAOD!”



Thug Sligeanach aon cheann dhen ròp dha Each-aibhne.



Rug e fhèin air ceann eile an ròp agus choisich e air falbh dhan choille.





Thill Ailbhean gu far an robh Sligeanach.  
 “Seallaidh mise dhut cho làidir ’s a tha mi.  
 Nach fheuch sinn Slaodadh an Ròp,”  
 arsa Sligeanach.  
 “Cha shlaod thu mise!” ars Ailbhean le gàire.  
 “Slaodaidh mi,” arsa Sligeanach. “Siud an ròp.  
 Slaod e nuair a chanas mise SLAOD!”




Thug Sligeanach ceann eile an ròp dha  
 Ailbhean agus dh’fhalbh e fhèin cho luath ’s a  
 b’ urrainn dha agus dh’fhalaich e fo chreig.




Às an sin chitheadh e Each-aibhne aig an  
 abhainn agus Ailbhean ri taobh na craoibhe.  
 “SLAOD!” dh’èigh Sligeanach.







Shlaod Each-aibhne ...



agus shlaod Ailbhean ...



“Tha mise a’ leigeil thairis,” dh’èigh Each-aibhne.

“Tha thu nas treasa na mise!”

“Tha mise a’ leigeil thairis,” dh’èigh Ailbhean.

“Tha thu nas treasa na mise!”

“Tha,” thuirt Sligeanach le gàire.

“Is mise am beathach as treasa ann an Afraga.”

Foillsichearan Foghlaim Heinemann  
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ  
earrann de Fhoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD FLORENCE PRAGUE MADRID ATHENS  
MELBOURNE AUCKLAND  
KUALA LUMPUR SINGAPORE TOKYO  
IBADAN NAIROBI KAMPALA JOHANNESBURG GABORONE  
PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO MEXICO CITY SAO PAULO

© Jackie Buttriss 1997

A’ chiad fhoillseachadh 1997

99 98 97  
10 9 8 7 6 5 4 3 2 1

A’ Ghàidhlig Anno NicDhòmhnaill

Am foillseachadh seo sa Ghàidhlig 2003 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn  
Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn

Tha Jacqui Buttriss a’ dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a comharrachadh mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 682 1